

Seinn Song Lyrics

1. Yellow Coat

Instrumental

2. Air a' Ghille Tha Mo Rùn (It Is The Lad That I Love)

Air a' ghille tha mo rùn,
Tha mo rùn air a' ghille,
Bhon latha chuir thu rium do chùl,
Tha mi 'n dùil ri thu thilleadh.

'S ann gu Muile nam beann dubha,
Tha mo luaidh air a' ghille
Dh'aithnichinn thu am measg an t-sluaigh,
Le na h-uaislean a' tighinn.

'S ann gu Muile nam beann àrd,
Tha mo ghràdh dhe 'n na gillean,
Ged nach tug thu dhomh do làmh,
Do dheoch-shlàinte cha tillinn.

Bidh mo mhàthair rium ag radh,
Éirich suas, 's tog do mhisneach,
Ged tha 'n gille fada bhuaht,
Cha bhi gruaim air nuair thig e.

Nuair a bhiodh tu 's an taigh òil,
'S tu nach sòradh an gini,
Bhiodh do bhotal air a' bhòrd,
Càch ga 'n òil, 's tu ga' sireadh.

S' dé ma theid thu dha 'n taobh tuath,
Gum bu luaidh ni thu tilleadh
Tha na nionagan an gruaim,
Bho nach d' fhuair iad an gille.

3. Òran an t-Saighdeir (The Soldier's Song)

Chorus:

Hi ri ho ro , thug oirinn o,
Hi ri ho ro , mo dh' eideag
Hi ri Ho ro , thug oirinn o.

Latha dhomh 's mi sràidearachd,
Gu h-àrd os cionn Dùn-Éideann,
Cò thachair orm ach saighdear,
'S gun do dh' fhoighneachd e mo sgeula.

Có thachair orm ach saighdear,
'S gun do dh' fhoighneachd e mo sgeula.
Gun Thuirt e rium *enlìsteadh*,
Gur e ciùird a b' fhearr fo 'n ghréin e.

Thuirt e rium *enlìsteadh*,
Gur e cuairt a b' fhearr fo'n ghréin e.
Gheall e or is airgiod,
Is cota dearg mar eideadh.

Gun tug e dha'n taigh òsda mi,
Nuair thug mi seòrsa géill dha.
'S gun tug e dhomh ri ghiùlain,
An té ghlàs nach sguir i- fhéin dhomh.

'S gun tug e dhomh ri ghiùlain,
An té ghlàs nach sguir i- fhéin dhomh.
Chuir e mise dhachaidh i
Gu caisteal mór Dhùn Éideann

Chuir e mise dhachaidh i
Gu caisteal mór Dhùn Éideann,
Mo mheallach air a' Choirneill
'S a 'phòg a gheobh e-fhéin dhomh

Na nighneagan air pòsadh,
Nach fhaigh mi corr is té dhiubh
Mo shoraidh null gu Muile,
Far a bheil mo roghainn 'is m' eudail.

Mo shoraidh null gu Muile,
Far a bheil mo roghainn 'is m' eudail.
Far am biodh na h-ighneagan ,
'S na gillean air na féilltean.

4. Keeping Up With Calum

Instrumental

5. Rinn Mi Corr is Naoi Mile (I Travelled More Than Nine Miles)

Rinn mi còrr is naoi mìle
Anns an tìr 's gun mi eòlach,
A' dol a shealltainn na gruagaich
A bh'air a' bhualidh na h-ònar.
A' dol a shealltainn na gruagaich
A bh'air a' bhualidh na h-ònar;
Nuair a ràinig mi 'm baile
Cha robh iad mar bu chòir dhaibh.

Nuair a ràinig ...etc;
Cha robh ait air luchd-ciùil ann,
'S cha robh saod air luchd-òil ann.
Cha robh ait...etc;
Gu robh mnathan a' fuaigheal,
Agus gruagaichean brònach.
Gu robh mnathan... etc
Iad a' cumadh na lèine
Dhan euchdaig bu bhòidhche.
Iad a' cumadh ...etc
'S ann a fhuair mi chraobh fhìnealt
'S i na sìneadh 's an t-seòmar.
'S ann a fhuair ...etc,
'S i na sìneadh fon uinneig
Far nach cluinn do chòmhradh.
'S i na sìneadh... etc.
'S i na sìneadh air dèile
Ann an lèine fuar reòite.
'S i na sìneadh ... etc
'S daor a cheannaich mi 'n trusgan
A th'air thursadh mu d' dhornan
'S daor a cheannaich ... etc,
Gu bheil mi cho duilich
Gun do ghiùlain mi 'n còta.
Gu bheil mi ...etc.
Gu bheil snigh' air mo ghruaidhean
A' sìor bhualadh mo bhrògan.
Gu bheil snigh' etc.
Gun toir e tacan 's an ròd mi.

6. Angus Blaise

Instrumental

7. Hoireann o rathill iu o

A Mhic Leòid ma dh' fhàg thu 'n dùthaich
Guma cliùiteach thig do sgeula

Guma cliùiteach thig do litir
Agus miosail agam fhéin i

' ille dhuinn a chuailean dualaich
'S mòr a luaidh a fhuair mi fhéin ort

Chi mi' m bàta mach 'an caolas
Tha mo ghaol innte gun éirigh

Chi mi' m bàta mach a' ruadh
'S i na siubhal fo làn eudach.

'S ard a chluinnte fuaim a crannaibh ,
'S i fo dheannaibh tro chuain Éirinn,

S ard a chluinnte fuaim a h-aodach,
Nuair a sgaoil le oir' gu léir I.

Cuir an stiùir 'an làimh mo leannan
Ge b' e cala dheanadh fhéin e

Cuir an stiùir 'an làimh a' Leódaich,
'S e nach sòradh stop Jamaica

'S e nach sòradh stop dhe' n bhranndaidh
Anns a' gheamhradh , àm na feuma.

Muladach mi 'siubhal coille,
Air latha soilleir 'us gun ghréin ann.
Transcription Dr, J Shaw

8. Seudan a' Chuain (Jewels Of The Ocean)

Instrumental

9. Oran a' Mhearlaich (The Thief's Song)

'S e an cù a bu choireach,
'S e a chinnich as geama,
Chuir 'ad mise dha'n t-seileir,
Dh' fhàg siod deursach mi.

chourus: Hoirinn ò 's na hò hiù a (x 3)
Hoirinn ò 's na hi ri.

'S tha Mac Chaluim Mac Dhòmhnail
As an fhasan as spaideil,
Thoir 'ad tì dhut, 's tombaca,
'S mi gun srad a's a' phìob.

Tha mo shùilean gu galach,
'S Tha mo leine gu salach,
'S mi 'san uaimhidh a falach,
'S nach tig daoine nam ghaoith.

'S truagh nach mise bha 'm charadh,
Ann an cist' anns an talmhainn,
Ann an achlais mo mhàthair,
Mu'n do nàraich mi sibh.

'S tha m' athair gu deurach
'S mo bhràithrean le chéile,

'S mo pheathraichean ciatach
'S a ghruag ag éirigh fo 'n cinn.

10. Boise Monsters

Instrumental

11. Taladh na Beinne Guirme (The Blue Mountain's Lullaby)

Fàil ill ó 's na hó ro éileadh o ro
Fàil ill é 's na hó ro éileadh ó
Hiùrabh ó 's na hó ro éileadh o ro
Fàil ill é 's na hó ro éileadh ó.

A dhaoine, bha mi 'seo bho'n a bhris an là,
Sìnte, gu sìtheil 'na mo shuain,
'S an t-siorrachd, am bòidhchead slàn mar a dheònaich E,
'S an nàdur a' freagairt dha mo dhan.

Air maduinn, dh'fhairich mi ann dealachadh,
Mo chaithris is m'ònrachd 'tighinn gu ceann,
Ceòl na tuaighe is nan duanagan,
Dh'éisd mi is thog mi fhìn am fonn.

Daoine, daoine còire, curanta,
A ghiùlain gach cruadal 's càs gu treun,
Dualchas, dualchas beairteach, briagha, beò,
Mar chàirdean, gu'n d'thug iad orm seinn.

Ach thàinig, thàinig oirnn an darna là,
Is chunnaic mi mo dhaltan a' sìoladh às,
'S gann gu'n cluinn mi an cànan ceòlmhór, blasda, binn,
Cànan coimheach, cruaidh a' tighinn 'na h-àit'.

Tha sgleò, tha sgleò air tighinn air an àite seo,
Is sàmhchair bho'n a dh'fhalbh móran,
'Nam chaithris air mo chloinn 'nan cadal buan,
Fanaidh mi 'gan tàladh ann le'm òran.

12. If You Were Mine

Nam bu leam- fhìn thu , fhìn thu , fhìn thu,
Nam bu leam- fhìn thu, dheannain do thàladh
Dheannain do leagail, do thogail , do thàladh,
Dheannain do leagail, do thogail , do thàladh.

